

Na Teisteanasan Nàiseanta Agad –

Na dh'fheumas fios a bhith agad mu obair-chùrsa
Nàiseanta 5, Àrd-Ìre agus Àrd-Ìre Adhartach

Eagran Sgoile



Contents

Na Teisteanasan Nàiseanta agad	3
Dè th' ann an Teisteanasan Nàiseanta?.....	4
Rèiteachaidhean measaidh	6
Seòrsaichean de dh'obair-chùrsa.....	8
A' coileanadh na h-obrach-cùrsa agad	9
A' cur a-steach an obair chùrsa agad	16
Dearbhadh	17
Dè ma bhriseas mi na riaghailtean?.....	18
Na deuchainnean agad 2025.....	20
Ceistean cumanta	21

Na Teisteanasan Nàiseanta Agad

Bidh an leabhran seo ag innse dhut dè dh'fheumas tu dèanamh nuair a tha thu a' coileanadh na h-obrach-cùrsa agad airson Teisteanasan Nàiseanta. Tha fiosrachadh feumail ann cuideachd air mar a thèid agad air ullachadh airson nan deuchainnean Nàiseanta 5, Àrd-Ìre agus Àrd-Ìre Adhartach.

Is urrainn do na tidsearan agad seo uile a mhìneachadh dhut cuideachd.

Dh'fhaodadh tu cuideachd an leabhran seo a shealltainn gu do phàrantan no cùramaichean gus an cuideachadh a bhith a' cumail fiosraichte.

Ma tha feum agad air an fhiosrachadh seo ann an cruth eadar-dhealaichte (leithid ann an clò mòr, Braille no cànan eadar-dhealaichte) feuch gun cuir thu fios gu

customer@sqa.org.uk no cuin fòn gu **0345 279 1000**.

San leabhran seo, bidh sinn a' cleachdadh 'obair-chùrsa' airson measaidhean sgriobhte no measaidhean practaigeach sam bith (chan e deuchainnean) a nì thu airson nan Teisteanasan Nàiseanta agad. Dh'fhaodadh gum bi seo a' gabhail a-steach pasgain-obrach, gniomhachdan practaigeach, obraichean-sònraichte no pròiseactan.

Dè th' ann an Teisteanasan Nàiseanta?

Tha Teisteanasan Nàiseanta gan gabhail, sa mhòr chuid, le luchd-ionnsachaidh ann an àrd-sgoiltean, ann an colaisteann agus ann an cuid de dh'ionadan-trèanaidh ann an Alba. Is dòcha gum bi thu a' rannsachadh airson cuid de na Teisteanasan Nàiseanta a leanas.

Aonadan Nàiseanta 1 agus cùrsaichean Nàiseanta 2 gu Nàiseanta 4

Bidh na teisteanasan seo air am measadh leis an tidsean agad an dara cuid mar 'pas' no 'fàilligeadh'. Nan lùib seo tha measaidhean aonaid, a bhios tu a' coileanadh tron bhliadhna.

Tha cùrsaichean Nàiseanta 4 a' gabhail a-steach measadh air aonad luach leasaichte a bhios tu a' coileanadh faisg air deireadh na bliadhna. Mar is trice, bidh seo na obair-shònraichte no deuchainn.



Cùrsaichean Nàiseanta 5, Àrd-Ìre agus Àrd-Ìre Adhartach

Mar is trice, tha obair-chùrsa agus deuchainnean deireadh-na-bliadhna nan lùib seo, a bhios sinn a' comharrachadh agus a' rangachadh bho A gu D.

Cùrsaichean Sgilean Cosnайдh

Bidh iad seo a' cur fòcas air na sgilean coitcheann a dh'fheuman san àite-obrach. Mar is trice, bidh an tidsear agad gam measadh tro ghniomhachdan practaigeach.

Baccalaureatan Albannach

Tha iad seo rim faotainn do luchd-ionnsachaidh ann an S5 is S6. Tha iad air an dèanamh suas de ghrunn theisteanas Àrd-Ìre agus Àrd-Ìre Adhartach, a bharrachd air 'pròiseact eadar-chuspaireil' a bhios air a rangachadh A gu C. Le bhith a' coileanadh Baccalaureat Albannach, tha cothrom agad do sgilean a leasachadh agus fianais a nochdadh de thionnsgnadh, cunntachalachd agus comas a bhith ag obair gu neoisimeileach.

'S e pìos-obrach mòr a th' ann
am 'pròiseact eadar-chuspaireil'
a chuidicheas gus na sgilean,
döigh-smaoineachaidh agus
misneachd a dh'fheumas tu
a thoirt dhut gus gluasad gu
foghlam àrd-Ìre no cosnadh.



Duaisean

Tha iad seo nan seata de dh'aonadan co-cheangailte a tha tric nam pròiseactan agus obraichean-sònraichte. Bidh an tidsear agad gam measadh an dara cuid mar 'pas' no 'fàilligeadh'.

Rèiteachaidhean measaidh

Ma tha feum agad air taic air sgàth ciorramachd no feumalachd taice a bharrachd, faodaidh an sgoil agad rèiteachaidhean a chur air dòigh gus cothrom co-ionann a thoirt dhut ann a bhith a' sealltainn do chuid eòlais, tuigse agus nas urrainn dhut a dhèanamh. Chan eil feum agad air breithneachadh-lèigh foirmeil bho phroifeiseantach meidigeach gus an taic seo fhaighinn.

Faodaidh na tidsearan agad rèiteachaidhean measaidh a chur air dòigh airson obair-chùrsa, taisbeantais is deuchainnean.

Feumaidh tu fhathast na h-aon sgilean is eòlas a shealltainn 's a dh'fheumas luchd-ionnsachaidh eile, agus thèid do chomharrachadh san aon dòigh. Tha seo airson dèanamh cinnteach gum faodar coimeas dìreach a dhèanamh eadar an rang agad agus rangan a h-uile duine eile a fhuair an teisteanas.

Ma tha thu airson tuilleadh fhaighinn a-mach mu na rèiteachaidhean seo, tha e cudromach gum bruidhinn thu ris an tidsear agad cho luath 's a ghabhas air chor 's gum faod iadsan còmhradh riut air na rèiteachaidhean measaidh as fhreagarnaiche dhut. Mas fheàrr leat, faodaidh do phàrant no cùramaiche bruidhinn ris an tidsear agad às do leth.

Tha tuilleadh fiosrachaidean ri fhaotainn aig
www.sqa.org.uk/learnerassessmentarrangements



Tha 'Rèiteachaidhean measaidh' nam mion-atharrachaidhean a dh'fhaodar dèanamh don phròiseas measaidh. Tha iad a' leigeil le luchd-ionnsachaидh a tha cionramach no aig a bheil feumalachdan taice a bharrachd a bhith a' sealltainn an eòlais, sgilean agus tuigse a tha buntainneach don chùrsa.





Seòrsaichean de dh'obair-chùrsa

Faodaidh diofar sheòrsaichean de dh'obair-chùrsa a bhith an lùib Teisteanasan Nàiseanta, nam measg pasgain-obrach, gniomhachdan practaigeach, taisbeantais, obraichean-sònraichte agus pròiseactan. Bidh an sèorsa de dh'obair-chùrsa a bhios tu a' dèanamh a rèir a' chùrsa a tha thu a' rannsachadh.

Tha obair-chùrsa a' toirt dhut cothrom a dhearbhadh gu bheil thu a' tuigsinn a' chuspair agad agus gu bhith a' cosnadh chomharran a dh'fhaodadh eadar-dhealachadh a dhèanamh don rang dheireannach agad. Bidh riatanasan eadar-dhealaichte ann airson gach pìos den obair-chùrsa. Innsidh an tidsear agad mun deidhinn.

Tha riaghailtean ann a dh'fheumas tu leantainn agus fiosrachadh ann a dh'fheumas a bhith agad mun obair-chùrsa agad. Tha e cudromach gun tuig thu na riaghailtean, oir tha iad ann gus dèanamh cinnteach gum bi measaidhean obair-chùrsa cothromach don a h-uile duine.

Mura bheil thu a' tuigsinn nan riaghailtean, bruidhinn ris an tidsear agad. Bidh iad cuideachd comasach air innse dhut mu na dh'fhaodar tachairt ma bhriseas tu na riaghailtean.



A' coileanadh na h-obrach-cùrsa agad

“ ”

Stòran-fiosrachaидh

Dh'fhaodadh gum bi cothrom agad mòran stòran-fiosrachaидh eadar-dhealaichte a chleachdadadh (a' gabhail a-steach leabhraichean, an t-eadar-lion agus prògraman TBh) san obair agad. Le bhith a' cleachdadadh stòran-fiosrachaидh eadar-dhealaichte, bidh thu ag ionnsachadh ann an dòigh shàrmhath, ach tha e cudromach gum bi thu a' dèanamh iomradh orra gu ceart.

Chan fhaod thu dìreach lethbhreac a dhèanamh de stuthan bho stòran-fiosrachaидh eile agus a chur a-steach mar gum b' e d' obair fhèin a bh' ann. Feumaidh tu nota a chumail air a h-uile stuth a chleachdas tu bho stòran-fiosrachaидh eile, agus air cò às a tha e, air chor 's gur urrainn dhut dealachadh a dhèanamh eadar sin agus an obair agad fhèin. Is urrainn don tidsear agad innse dhut mar a nì thu seo, ach gheibhear grunn riaghailtean coitcheann an seo.

- Cuir 'cromagan turnach' timcheall teacsa sam bith a thàinig à stòran-fiosrachaидh eile agus can gu soilleir cò às a thàinig an teacsa sin.
- Thoir iomradh airson diagram no dealbh sam bith a tha thu air chleachdadadh bho stòran-fiosrachaидh eile.
- Cruthaich leabhar-chlàr (liosta de stòran-fiosrachaидh a chleachd thu). Bidh seo a' dol aig deireadh do chuid obrach.

Tuigse innealta (AI)

Is dòcha gu bheil thu air chluinnntinn mu uidheaman tuigse innealta (AI) leithid ChatGPT no Google Bard. Tha cuingealachaidhean aoise aig mòran de na h-uidheaman AI seo, agus tha sin a' ciallachadh nach eil iad freagarrach don a h-uile duine. Dh'fhaodadh an teacsa a chruthaicheas iad a bhith mearachdach no a' gabhail a-steach fiosrachadh claonbhàidheil. Leis nach eil am fiosrachadh earbsach, **chan bu chòir dhut innealan AI a cleachdadadh no iomradh a thoirt orra mar stòran-fiosrachaiddh airson na h-obrach agad.**

Faodaidh tu bruidhinn nis an tidsear agad gus barrachd fhaighinn a-mach air na stòran-fiosrachaiddh a dh'fhaodas tu cleachdadadh gus an obair-chùrsa agad a choileanadh agus ullachadh airson deuchainnean.



Mèirle-sgriobhaidh

Chan fhaod thu ach an obair agad fhèin a chur a-steach. Ma thathar ag ràdh gun e an obair agad fhèin obair is beachdan dhaoine eile, canar 'mèirle-sgriobhaidh' ni sin, agus 's e cealgaireachd a th' ann.

'S e mèirle-sgriobhaidh a th'ann cuideachd ma tha thu a' cleachdadadh obair dhaoine eile gun iomradh a thoirt air na stòran-fiosrachaiddh, mar a thathar a' mìneachadh air duilleag 9.

Chan e an obair agad fhèin a th' ann:

- ma chaidh an obair iomlan no pàirt dhith a chruthachadh, no ma chaidh obair a dhèanamh oirre, le cuideigin eile
- ma chaidh an obair a dhèanamh le cuideigin a rinn obair den leithid roimhe (leithid oilleanach nas sine)
- ma tha thu a' cleachdadadh obair a dh'ullaich an tidsear dhut mar eisimpleir
- ma tha thu air lethbreac a dhèanamh dhith bho bhun-fiosrachaiddh, leithid leabhar, làrach-lin no stòr aistidhean, gun oidhirp a dhèanamh a chur nad fhaclan fhèin no iomradh a dhèanamh air, no
- ma tha thu air lethbhreac a dhèanamh air teacsa, iomhaighean no stuth sam bith eile a chruthaich inneal AI.




Cealg-chòrdadh

Ma tha thu ag obair le daoine eile nuair a bu chòir dhut obair nad aonar, canar cealg-chòrdadh ('collusion') ri sin. Faodaidh seo gabhail a-steach a' toirt cuideachadh, a' faighinn cuideachadh, agus a' roinn fhaidhlichean, faclan-faire is obair-phàipeir.




Tha gach duine a tha an sàs ann an cealg-chòrdadh a' briseadh nan riaghailtean; chan e dìreach an duine a dh'iarr cuideachadh. Ma dh'iarras neach-ionnsachaidh eile (mar eisimpleir, cuideigin sa chlas agad) cuideachadh bhuat, bu chòir dhut innse dhaibh a bhruidhinn nis an tidsear.



Ma tha thu ag obair mar phàirt de bhuidheann (mar eisimpleir, air pròiseact buidhne), feumaidh tu dèanamh cinnteach gur e an obair agad fhèin a th' anns an obair sgriobhte a chuireas tu a-steach mar phàirt den obair-bhuidhne.



Ma tha duilgheadas agad le pàirt sam bith den chùrsa, iarr comhairle bhon tidsear agad. Chan fhaod duine sam bith eile a bhith an sàs, aig ire sam bith, sa chòmhradh no ath-bhreithneachadh air an obair-chùrsa agad.



Chan fhiach e

Chan eil e doirbh mèirle-sgriobhaidh, cealg-chòrdadh is cleachdadheil Al aithneachadh.

- Bidh tidsearan eòlach air an obair agad agus aithnichidh iad atharrachaidhean san stoidhle sgriobhaidh agad agus sa chainnt a chleachdas tu.
- Tha luchd-comharrachaidh mion-eòlach air a' chuspair aca, agus mar sin bidh iad eòlach air iomadh stòr-fiosrachaidh.
- Bidh sinn a' cleachdadheil bathar-bog a dh'aithnicheas mèirle-sgriobhaidh, cealg-chòrdadh agus cleachdadheil Al. Bidh am bathar-bog seo a' maidseadh abairtean is teacs a chaidh a thogail ris na stòran-fiosrachaidh às an tàinig iad.

Ma ghabhas tu an riosg, dh'fhaodadh
peanas a bhith ann. Faic

'Dè ma bhriseas mi na riaghailtean?'
air duilleag 19 airson tuilleadh
fiosrachaidh.



Cainnt agus sgrìobhadh

Na cuir nad obair cainnt no ìomhaighean a tha mì-mhodhail, tàineil, oilbheumach no leth-bhreitheach. Ma nì thu seo, bidh luchd-comharrachaидh ga aithris dhuinn.

Cuimhnich gum feum obair-chùrsa sgrìobhte a bhith so-leughadh. Nì luchd-comharrachaидh an dicheadh gus an obair agad a leughadh, ach is dòcha nach bi e comasach dhaibh comharraan a thoirt seachad ma tha do sgrìobhadh no dhuilich a leughadh.

Àireamh fhaclan

Ma tha an obair-chùrsa agad a' toirt ìos-mheud no os-mheud fhaclan, feumaidh tu cumail nis. Dh'fhaodte gun tèid do pheanasachadh mura cum thu nis. Tha na peasanan air am mìneachadh nas fhaide air adhart san leabhran seo.

Faic '**Dè ma bhriseas mi na riaghailtean?**' air duilleag 19 airson tuilleadh fiosrachaидh.



Duilleagan stòrasan

Ann an cuspairean àraidh, dh'fhaodte gum bi thu ceadaichte duilleagan stòrasan a chleachdadadh (ris an canar cuideachd 'duilleagan rannsachaidh' no 'duilleagan fiosrachadhl ullaichte'). Innsidh an tidsear agad ma dh'fheumas tu a leithid a chleachdadadh mar phàirt den obair-chùrsa agad, agus seallaidh iad dhut mar a chleachdas tu iad. Mura bheil thu cinnteach am bi feum agad air duilleag stòrasan, bruidhinn ris an tidsear agad.

Ma dh'fheumas tu duilleag stòrasan a chleachdadadh, tha e fior chudromach gu bheil thu eòlach air na riaghailtean a thaobh an cleachdaidh, oir dh'fhaodadh tu comharran a chall mura chleachd thu gu ceart i.

Feumaidh tu an duilleag stòrasan agad a chur a-steach còmhla ris an obair-chùrsa agad. Mura dèan thu sin, tha e do-sreachanta gun caill thu 20% de na comharran airson an obair-chùrsa agad.



Faic ‘Dè ma bhriseas mi na riaghailtean?’ air duilleag 19 airson tuilleadh fiosnachaidh.

A' cur a-steach an obair chùrsa agad

Dearbh an obair agad

Mus cuir thu an obair-chùrsa agad a-steach,
feumaidh tu leughadh troimhpe agus dearbhadh:


- gur e an obair agad fhèin ain fad a th' ann, agus gun do chomharrnaich thu gu cothromach a h-uile stòr-fiosrachaidh, diagram no dealbh a chleachd thu
- nach eil cainnt no ìomhaigheachd mhì-mhodhail, thàineil no oilbheumach ann
- gu bheil thu air an obair-chùrsa agad a chrìochnachadh a rèir an stiùiridh a thug an tidsear agad dhut, agus
- nach do chuir thu ann stuth sam bith a chaidh a chruthachadh le uidheam Al.

Cinn-latha



Cuiridh an tidsear agad air dòigh cinn-latha airson na h-obrach-cùrsa agad. Tha e cudromach gun cuir thu an obair agad a-steach ron cheann-latha no dh'fhaodte nach tèid a chomharrachadh.

Ma tha thu ga fhaighinn doirbh cumail ri ceann-latha, bruidhinn ris an tidsear agad cho tràth 's a ghabhas feuch am faic thu dè dh'fhaodas iad dèanamh gus do chuideachadh.



Dearbhadh

Mus cuir an sgoil agad an obair-chùrsa agad thugainn airson comharrachadh, iarraidh iad ort d' ainm a chur ri dearbhadh. Tha e fior chudromach gu bheil thu a' tuigsinn an dearbhaidh. Mura bheil thu cinnteach à rud sam bith, faighnich don tidsear agad mu dheidhinn.

Seo an dearbhadh a dh'fheumas tu soidhnigeadh:

Tha mi a' dearbhadh na leanas:



- Tha mi air an leabhran Na Teisteanasan Nàiseanta Agad ('Your National Qualifications') aig SQA a leughadh agus tha mi air an t-susbaint ann a thuigsinn.
- Tha mi a' tuigsinn gum faod SQA na rangan agam a lùghdachadh no a chuir dheth mura bheil mi air leantainn ris na riaghailtean air an sònraichadh san leabhran 'Na Teisteanasa Nàiseanta Agad'.
- 'S e an obair agam fhìn air fad a th' anns an obair-chùrsa a tha an lùib an dearbhaidh seo, agus tha a h-uile stòrfiosrachaidh air a chomharrachadh agus air aithneachadh.
- Ma tha mi air duilleag stòrasan a chleachdad, tha mi air a cur a-steach còmhla ris an obair-chùrsa agam.
- Tha mi a' tuigsinn gun tèid an obair-chùrsa seo a chur gu SQA airson comharrachadh.

Ma tha thu an dùil do chuid obrach fhoillseachadh no a roinn air-loidhne, feumaidh tu seo a thoirt gu aire do sgoile.

Dè ma bhriseas mi na riaghailtean?



Ma sheallas sgrùudadh gu bheil thu air riaghailtean sam bith a bhriseadh, dh'fhaodadh peanas a bhith ann, a dh'fhaodadh na leanas a ghabhail a-steach.

- Dh'fhaodadh gun tèid na comharran agad a lùghdachadh, no gum faigh thu neon i comharran.
- Dh'fhaodadh gun caill thu an teisteanas airson a' chuspair sin.
- Dh'fhaodadh gun caill thu a h-uile teisteanas agad airson na bliadhna air fad.

Cuimhnich



Feumaidh tu:

- an obair uile a dhèanamh leat fhèin
- iomradh a thoint gu ceart air a h-uile stòr-fiosrachaidh
- sùil a thoirt air an obair agad mus cuir thu a-steach i
- an obair agad a chur a-steach ann an deagh àm, agus
- duilleag stòrasan sam bith a chleachd thu a chur a-steach.

Chan fheum thu:

- lethbhreac a dhèanamh de dh'obair neach sam bith eile
- cealg-chòrdadh a dhèanamh le cuideigin eile
- uidheaman tuigse innealta (AI) a chleachdadhus an obair agad a chruthachadh, no
- faclan no ìomhaighean mì-mhodhail, tàireil no oilbheumach a chleachdadhus san obair agad.

Na deuchainnean agad 2025

Is urrainn dhut clàr-ama nan deuchainnean fhaicinn aig www.sqa.org.uk/timetable. Tha seo a' sealltainn nan ceann-là agus amannan airson nan deuchainnean agad.

Faodaidh tu an aplacaid SQA MyExams a luchdadadh a-nuas gus an clàr-ama pearsanta agad a chruthachadh agus fhaicinn, notaichean a chur ris, agus an clàr-ama pearsanta agad a chur ri mìosachain eile.

Bidh deuchainnean 2025 a' tachairt bho **28 Giblean gu 2 Ògmhios**.

Bheir sinn tuilleadh fiosrachaidh dhut mu na deuchainnean agad sa Mhàrt. Innsidh seo dhut dè thachras sna deuchainnean agus na bhios agad ri dhèanamh.



Ceistean cumanta...

Dè th' ann an tùs-dheuchainnean?

Tha 'prelim' goirid airson 'preliminary exam', no tùs-dheuchainn. Bidh a' mhòr-chuid de sgoiltean a' ruith tùs-dheuchainnean gus luchd-ionnsachaidh a chuideachadh gus deuchainnean a ghnàthachadh, gus fios air ais a thoirt thuca air an cuid coileanaidh, agus gus an cuideachadh a bhith ag aithneachadh dè cho math 's a tha gach neach-ionnsachaidh a' dèanamh adhartas sa chùrsa.

Bidh an sgoil agad a' cur romhpa am bi agus cuin a bhios iad a' ruith tùs-dheuchainnean am-bliadhna.

Am bi SQA a' comharrachadh nan tùs-dheuchainnean?

Cha bhi. Bidh an sgoil agad a' cruthachadh nam pàipearan-cheistean a bhios tu a' gabhail rè nan tùs-dheuchainnean, agus bidh na tidsearan agad gan comharrachadh.

Cò bhios a' comharrachadh na h-obrach-cùrsa is nan deuchainnean agam?

Bidh sinn a' comharrachadh a h-uile deuchainn airson Nàiseanta 5, Àrd-lìre agus Àrd-lìre Adhartach. Bidh sinn cuideachd a' comharrachadh na cuid as mothà den obair-chùrsa airson Nàiseanta 5, Àrd-lìre agus Àrd-lìre Adhartach. Bidh cuid den obair-chùrsa air a measadh leis an tidsear agad. Bidh sinn a' dèanamh sgrùdaidhean càileachd gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' comharrachadh ann an co-rèir ris an inbhe a tha riatanach gus an cùrsa agad a choileanadh.



Cuin a gheibh mi na toraidhean agam?

Gheibh thu na toraidhean dheuchainnean agad tron phost air **Dimàirt 5 Lùnastal 2025**. Bidh sinn cuideachd a' cur nan toraidhean agad don sgoil agad. Ma tha thu air iarrtas a dhèanamh airson oilthigh no colaiste tro UCAS (Seirbheis Inntrigidh Oiltighighean agus Cholaistean), bidh iad a' faighinn do thoraidhean cuideachd.

Mura faigh thu an teisteanas agad tron phost air Latha nan Toraidhean, cuir fios chun na sgoile agad. Faodaidh iadsan na toraidhean agad innse dhut agus obair còmhla ninne gus faighinn a-mach dè thachair don teisteanas agad.



Dè th' ann am MySQA?

'S e MySQA an ceangal dìreach agad ri SQA. Bidh e a' cumail fiosrachadh air na teisteanasan agad agus fiosrachadh pearsanta mu do dheidhinn agus, ma tha thu a' gabhail dheuchainnean, thèid agad air na toraidhean fhaighinn ann am post-d no teacsa. Clàraich air a shon aig www.mysqa.org.uk.



Tha dà dheuchainn agam aig an aon àm no aon às dèidh a chèile air an aon latha. Dè bu chòir dhomh a dhèanamh?

Bruiddhinn ris an sgoil agad. Faodaidh iadsan sùil a thoirt air rèiteachaidhean eile a ghabhas cur air dòigh dhut.

Barrachd taic is fiosrachadh

Bheir an sgoil agad a' chairt Aireamh an Oileanaich agad (SCN), còmhla ri barrachd fiosrachaidh a thaobh gabhail dheuchainnean, no dheireadh a' Mhàirt 2025. Nuair a gheibh thu a' chairt agad, feuch gun sgriobh thu d' ainm is an SCN agad oirre. Bidh còd QR air a' chairt cuideachd a dh'fhaodas tu sganadh leis an fòn thapaidh agad. Bheir seo thu gu barrachd fiosrachaidh air measadh. Faodaidh tu cumail fiosraichte leis an fhiosrachadh as ùire aig

www.sqa.org.uk/learners

Gus fios fhaighinn air càit am faigh thu barrachd taic, a' gabhail a-steach ceanglaichean ri buidhnean ris am faod thu bruidhinn ma tha thu a' faireachdainn iomagaineach, tadhail air www.sqa.org.uk/learnersupport



A bheil ceist agad?

0345 279 1000

www.sqa.org.uk/learners

